

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total  
Marks

--	--

**X229/201**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd  
(Ceistean)

**Na fosgail am pàipear seo chun an iarrar ort.**

**Lion na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm (ean)

Sloinneadh

Latha breith

La Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agad aig an toiseach airson nan ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà phàirt anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson pàirt 1.

Cluinnidh tu pàirt 1 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson pàirt 2.

Cluinnidh tu pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



**Roinn A: Èisteachd**

**Ùine: 30 mionaid**

*Comharraidhean*

**CEISTEAN**

**Pàirt 1**

1. Dè tha Sìne Ghreumach ag innse dha na sgoilearan aice?

\_\_\_\_\_

1

2. Carson a tha a' cho-fharpais gu bhith ann san Ògmhios?

\_\_\_\_\_

1

3. Dè bhios aig na farpaisich ri dhèanamh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

4. Ainmich a dhà dhe na riaghailtean airson na co-fharpais.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

5. Ciamar a bhios na sgoilearan a' siubhal a dh'Èirinn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

6. Càite am bi na sgoilearan a' fuireach ann an Èirinn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

7. Ainmich trì rudan a dh'ionnsaicheas na sgoilearan ann an Èirinn.

---

---

---

3

8. Dè bhios sgoilearan na h-Alba a' dèanamh air an oidhche mu dheireadh?

---

---

2

(15)

[Tionndaidh an duilleag

**CEISTEAN**

**Pàirt 2**

Comharraidhean

1. Cuin a chaidh an caisteal a thogail?

\_\_\_\_\_

1

2. Dè dh'ionnsaicheas na sgoilearan sa chaisteal?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

3. Dè cho sean 's a tha an dùn?

\_\_\_\_\_

1

4. Dè an leasachadh a chaidh a dhèanamh air an dùn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

5. Dè a' bhuidh a bha aig an leasachadh air an dùn?

\_\_\_\_\_

1

6. Carson a tha e cho dorcha a-staigh san dùn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

7. Dè cho tric 's a bhios solas an latha a' faighinn a-steach dhan dùn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

8. Cò mu dheidhinn a bhios na sgoilearan a' bruidhinn ri na Buill Phàrlamaid?

---

---

2

9. Dè am beachd a th' aig an tidsear air a' chuairt seo?

---

1  
(15)  
[30]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i) B(ii)	Leughadh / 30
	Sgrìobhadh / 30
<b>Total</b>	<b>90</b>



# **X229/202**

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd  
(Earrann)

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



## Roinn A

**Pàirt 1 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

**Tha mionaidean agaibh airson na ceistean a leughadh.**

**Tha Sìne Ghreumach a' teagasg Gàidhlig anns an àrd-sgoil. An seo, tha i ag innse dha na sgoilearan aice mu cho-fharpais a tha gu bhith ann an Èirinn.**

### PÀIRT 1

Feasgar math. An toiseach an-diugh, tha mi airson innse dhuibh mu chuireadh a fhuair sinn gu co-fharpais ann an Èirinn. Bidh a' cho-fharpais ann san Ògmhios nuair a bhios na deuchainnean agaibh seachad.

'S e co-fharpais labhairt a tha seo agus bidh agaibh ri òraid ghoirid a dhèanamh air cuspair sònraichte. Gheibh sibh liosta de na cuspairean ann am meadhan a' Chèitein agus faodaidh sibh fhèin cuspair sam bith a thaghadh. Tha na riaghailtean ag ràdh gum feum an òraid maireachdainn airson ceithir mionaidean agus gum feum a' bhrìgh agus an stoidhle a bhith freagarrach. Feumaidh na h-òraidean aig sgoilearan na h-Alba a bhith ann an Gàidhlig na h-Alba agus bidh òraidean muinntir na h-Èirinn ann an Gàidhlig na h-Èirinn.

Bidh sinn a' gabhail trèan a Ghlaschu agus a' dol air itealan à Glaschu gu Baile Atha Cliath ann an Èirinn. Coinnichidh bus sinn aig a' phort-adhair ann an Èirinn agus bheir e sinn gu na h-àiteachan-fuirich. Bidh sinne a' fuireach ann an taigh-aoidheachd còmhla ri teaghlach a bhios a' bruidhinn Gàidhlig na h-Èirinn. Fhad 's a bhios sinn an Èirinn, bidh cothrom againn beagan de Ghàidhlig na h-Èirinn ionnsachadh. Ionnsaichidh sinn cuideachd mu eachdraidh na dùthcha, mun cheòl aca agus cuid de na dannsaichean. An oidhche mu dheireadh, gheibh sinne cothrom òran Gàidhlig agus dannsa à Alba a theagasg do sgoilearan na h-Èirinn.

[CRÌOCH PÀIRT 1]

**After the second reading of Pàirt 1, wait for 5 minutes, and then read Pàirt 2.**

**Pàirt 2 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)**

## **PÀIRT 2**

Fhad 's a bhios sibh ann an Èirinn, tadhlaidh sibh air caisteal a bhuineas dhan dara linn deug. Cluinnidh sibh mun dòigh-beatha a bh' aig na daoine a bha a' fuireach sa chaisteal. Gheibh sibh a-mach mu dheidhinn mar a bha iad a' còcaireachd agus cuideachd mar a bha an taigh-beag sa chaisteal ag obrachadh.

Chì sibh cuideachd dùn a tha gu math nas sine na sin. Tha e mu chòig mìle bliadhna a dh'aois ach tha e ann am fìor dheagh staid. Chaidh na ballachan agus am mullach a chàradh o chionn beagan bhliadhnaichean agus tha e a' coimhead glè ghrinn. Tha e dorcha am broinn an dùin. Chan eil uinneagan idir air agus chan eil air ach aon doras. Cha bhi solas na grèine a' deàrrsadh tron doras ach ceithir latha am meadhan a' gheamhraidh.

Gheibh sibh cuideachd cothrom tadhal air Pàrlamaid na h-Èirinn. Bidh cothrom agaibh coinneachadh ri dithis de na Buill Phàrlamaid agus ceistean fhaighneachd dhaibh mun togalach agus mun obair aca.

Feumaidh ur pàrantan foirm a lìonadh a' toirt cead dhuibh a dhol air an turas agus feumaidh cead-siubhail a bhith agaibh. 'S e deagh chothrom a tha seo dhuibh agus saoilidh mi gum bi a' chuairt gu math inntinneach.

[CRÌOCH NAN PÀIRT 2]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total  
Marks

--	--

**X229/203**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DICIADAIN, 3 ÒGMHÌOS  
1.50 PM – 3.30 PM

**GÀIDHLIG**  
**MEADHAN ÌRE 2**  
Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

**Na fosgail am pàipear seo chun an iarrar ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal**

Làn ainm na scoile no na colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Là breith

Là Mios Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 60 comharradh anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

Faodaidh tu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



## EARRANN

Cha robh latha math air a bhith aig Ruairidh idir. Cha d' fhuair e air mòran a dhèanamh a-muigh air sgàth gun robh a' ghaoth uabhasach làidir agus gun robh an t-uisge ann. Thàinig am post feasgar ach cha robh dad inntinneach aige a thaobh litrichean no naidheachd. Chaidh an latha seachad gu socair falamh mar a chaidh iomadh latha eile leis fhèin san t-seann dachaigh.

An dèidh dha a bhiadh a ghabhail, dh'fheuch e ri pàipear a leughadh ach cha robh ùidh aige sna sgeulachdan a bh' ann. Chuir e air an rèidio ach cha robh air ach sgudal. Cha b' fhada gus an robh srann aige anns a' chathair mhòir ri taobh an teine. Cha deach aige air sreap a-mach às a' chadal ud gu aon uair deug a dh'oidhche. B' ann an uair sin a chuimhnich e gum b' e siud co-là a bhreith. Trì fichead 's a sia. Cha robh guth air a bhith aige air sin fad an latha.

Chaidh Ruairidh don leabaidh ach cha robh e a' faighinn fois no cadal. An ceann greis, dh'èirich e. Nigh e e-fhèin a-rithist bho cheann gu chasan. Chuir e air lèine ùr gheal, stocainnean agus brògan ùra agus an deise nach robh air ach aon uair roimhe. Chruinnich e an t-aodach a bha air tron latha agus chuir e a bhroinn a' phreas-aodaich e. Sgioblach e an leabaidh. Chuir e air còta agus bonaid. Ghlas e an doras-aghaidh agus an doras-cùil on taobh a-muigh. An uair sin, thog e air sìos an rathad.

Cha robh e air a dhol fada nuair a chuimhnich e nach do rinn e dad mun airgead a bha staigh aige agus nach do dh'fhosgail e na cùirtaran. Ach, cha do lasaich a cheum.

'S ann nuair a bha e a' cromadh gu Ceann a' Bhàigh a bhuail seòrsa de dh'eagal e. Sheas e greis a' coimhead mun cuairt agus a' beachdachadh dè an t-eagal a bha air; eagal tilleadh no eagal gabhail roimhe. Bha e a' cur a chùl ri saoghal agus a' cur aghaidh air saoghal eile. Bha taigh Seonaig faisg air an abhainn. Cha robh solas ri fhaicinn ann nas motha na bha ann an taigh sam bith eile a chitheadh e.

Bha faisg air dà fhichead bliadhna bho chunnaic e an toiseach i. Saoil dè chanadh i? An tigeadh i chun an dorais mun àm seo a dh'oidhche? An dùisgeadh i?

Ghnog e gu cruaidh air an doras agus thòisich cù a' comhartaich am broinn an taighe.

“Duine siud?”

“Tha. Mise.”

“Cò?”

“Ruairidh. Ruairidh Mhurchaidh Sheumais.”

Dh'fhosgail i an doras rud beag, ach dh'fhuirich i fhèin air a chùl. Chan fhaiceadh e ach an ceann aice agus ceann a' choin. Bha i ga gheur-sgrùdadh bho cheann gu chasan.

“A Sheonag. Am pòs thu mi? Tha gaol agam ort.”

“Eil thusa air a bhith ag òl?”

“Chan eil. Am faod mi tighinn a-steach?”

Dh'fhosgail an doras na b' fhaide. Rinn an cù dranndan agus sheall e fhiaclan nuair a chaidh Ruairidh seachad air.

## CEISTEAN

1. Dè chuir stad air Ruairidh bho bhith ag obair a-muigh?

---

---

2

2. Carson nach d' fhuair Ruairidh toileachas nuair a thàinig am post?

---

---

2

3. Ciamar a tha fios againn gun robh beatha aonaranach aig Ruairidh?

---

---

2

4. Ainmich dà rud a rinn Ruairidh an dèidh na dinnearach.

---

---

2

5. Dè tha thu a' tuigsinn le na facail '. . . sreap a-mach às a' chadal ud . . . '?

---

---

2

6. Dè tha a' sealltainn nach robh a cho-là breith cudromach do Ruairidh?"

---

---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

7. Ainmich trì rudan a rinn Ruairidh a tha a' sealltainn gun robh e a' faighinn deiseil airson a dhol a-mach.

---



---



---

3

8. Dè rinn Ruairidh leis an aodach a bh' air roimhe?

---



---

1

9. (a) Dè an dà rud mun do dhiochuimhnich Ruairidh mus do dh'fhàg e an taigh?

---



---

2

(b) Sgrìobh na facail a tha a' sealltainn nach do rinn seo dragh sam bith dha.

---

1

10. Dè tha a' sealltainn nach robh Ruairidh cinnteach mun rud a bha e dol a dhèanamh?

---



---

2

11. Ainmich dà cheist a bha air inntinn Ruairidh.

---



---

2

12. Dè thachair nuair a ghnog Ruairidh air an doras?

---



---

2



13. Carson a bha Ruairidh air a dhol gu taigh Seonaig?

---

---

2

14. Dè bha Seonag a' smaoinichadh nuair a dh'innis Ruairidh carson a bha e air tighinn?

---

1

15. Ciamar a tha fios againn nach robh an cù uabhasach toilichte gun tàinig Ruairidh?

---

---

2

(30)

[CRÌOCH ROINN B(i)-LEUGHADH]

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 60 mionaid (moladh)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- |  |      |
|--|------|
| 1. Cogadh - sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh sam bith a thogras tu. | (30) |
| 2. Bu chòir cur às do phrògraman mar Big Brother.                        | (30) |
| 3. An teaghlach agam.  | (30) |
| 4. An obair a chòrdadh rium.   | (30) |
| 5. Peata air chall.  | (30) |
| 6. An ceòl as fheàrr leam.   | (30) |
| 7. A' Choille.   | (30) |
| 8. An Tuil.  | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

## ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn B(i)—Leughadh Earrann - Extract is adapted from *An Imeachd* by Iain Moireach. ISBN 1741 4512. Published by Gath Publishing. Permission is being sought from Gath Publishing.

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
<b>Total</b>	<b>90</b>